

UHI Research Database pdf download summary

Nàdarrachd agus Ùghdarrachd ann an Ideòlas-cànain an Ath-bheothachaidh ann an Èirinn

Armstrong, Timothy Currie

Published in:

From Vestiges to the Very Day: New Voices in Celtic Studies

Publication date:

2010

The re-use license for this item is:

CC BY-NC

The Document Version you have downloaded here is:

Peer reviewed version

[Link to author version on UHI Research Database](#)

Citation for published version (APA):

Armstrong, T. C. (2010). Nàdarrachd agus Ùghdarrachd ann an Ideòlas-cànain an Ath-bheothachaidh ann an Èirinn. In M. Watson, & L. Milligan (Eds.), *From Vestiges to the Very Day: New Voices in Celtic Studies* (pp. 91-98). Centre for Irish and Scottish Studies.

General rights

Copyright and moral rights for the publications made accessible in the UHI Research Database are retained by the authors and/or other copyright owners and it is a condition of accessing publications that users recognise and abide by the legal requirements associated with these rights:

- 1) Users may download and print one copy of any publication from the UHI Research Database for the purpose of private study or research.
- 2) You may not further distribute the material or use it for any profit-making activity or commercial gain
- 3) You may freely distribute the URL identifying the publication in the UHI Research Database

Take down policy

If you believe that this document breaches copyright please contact us at RO@uhi.ac.uk providing details; we will remove access to the work immediately and investigate your claim.

Nàdarrachd agus Ùghdarrachd ann an Ideòlas-cànain an Ath-bheothachaidh ann an Èirinn

Timothy C. Armstrong
Sabhal Mòr Ostaig

Gu coiteanta, sònraichear nàdarrachd ann an labhairt mar chomharradh gu bheil neach-labhairt air choireigin ùghdarrail, agus 's ann le nàdarra a thathar a' ciallachadh gu bheil an labhairt sin gun fhèin-mhothachadh, mas fhìor. (Eckert 2003, Jolly 2000) Rinneadh agallamhan còmhla ri buill de choimhearsnachdan Gàidhlig ùra ann an Èirinn agus seallar gu bheil an dà bhun-bheachd càirdeach seo, nàdarrachd agus ùghdarrachd, air iomradh ann an conaltradh mu chleachdadh-cànain le luchd-labhairt na Gàidhlig neo-thraidiseanta. Nithear argamaid gu bheil na bun-bheachdan seo trioblaideach an rèis ath-leasachaidh-chànain. Molar gu bheil linn na coimhearsnachd Gàidhlig nàdarra seachad, ma bha a leithid a-riamh againn, agus mar sin, nach e amas freagarrach a th' ann an nàdarrachd nuair a thig e gu ath-leasachadh na Gàidhlig. Agus molar gu bheil ùghdarrachd nas trioblaidiche fhathast, a thaobh èifeachd an ath-leasachaidh agus a thaobh bheusan, ma nithear iomsgaradh eadar luchd-labhairt na Gàidhlig 'fìor' agus luchd-labhairt na Gàidhlig eile.

'S e gnìomh ioma-thaobhach a th' ann an ath-leasachadh cànain gun teagamh, ach am measg nam feartan a bhiodh an sàs anns a' ghnìomh, thathar air moladh gum biodh ideòlas na h-iomairte gu sònraichte cudromach da shoirbheas. (Dauenhauer agus Dauenhauer 1998, Dorian 1998, King 2000, Fishman 2001, Spolsky 2004: 186-216) Tuigidh luchd-labhairt structar agus cleachdadh nan cànanan aca ann an iomadh dòigh eadar-dhealaichte, agus mìnichidh iad mar am bu chòir na cànanan aca a bhruidhinn le iomradh air gnàthan-cànain agus air seasamhan-cànain, ach cuideachd le iomradh air ointeòlas, episteimeòlas, fèin-aithne, cinnidheachd, creideamh, eachdraidh, poileataics agus feartan eile, uile ann an rian iomadach toinnte ris an canar, ideòlas-cànain. (Gal 1998, Kroskrity 2004, Woolard agus Schieffelin 1994) Ann an 2007 agus 2008, rinneadh rannsachadh air cuairteachadh an ideòlais-chànain ann an coimhearsnachdan-cànain ùra neo-thraidiseanta ann an Èirinn, air Gaeltachtaí nua mar a chanar riutha, agus an rèis an rannsachaidh sin, rinneadh agallamhan le luchd-labhairt Gàidhlig na h-Èireann, ach luchd-labhairt àraid. Rinneadh agallamhan le daoine a chleachdadh Gàidhlig gu cunbhalach nam beatha làitheil, ach daoine nach do bhuin dhan Ghaeltacht thraidiseanta. Seo an luchd-labhairt sin a tha nan còmhnaidh anns a' bhaile mhòr no air an dùthaich taobh a-muigh na Gaeltachta oifigeile, ach a tha suidhichte ann an lionraidhean Gàidhlig agus iad a' cleachdadh na Gàidhlig mar mheadhan-conaltraidh gnàthasach ann am pàirt dhen latha aca co-dhiù. 'S e buidheann inntinneach a th' ann, buidheann a tha gu h-àraidh iomchaidh air rannsachadh a chionn 's gum bi iad gu tric dlùth an sàs ann an iomairtean an ath-bheothachaidh ann an Èirinn. Thàinig mòran ideòlasan am bàrr anns na h-agallamhan, ach an seo, nithear meòrachadh gu mionaideach air an aon tèama shònraichte, tèama a nochd tric agus minig, agus 's e sin, nàdarrachd mar fheart cudromach ann an labhairt ùghdarrail. Nithear argamaid gun toireadh ideòlasan-cànain a mholadh nàdarrachd agus ùghdarrachd anns an dòigh seo buaidh air èifeachd iomairt an ath-bheothachaidh.

Ann an conaltradh coiteanta, nuair a bhite a-mach air nàdarrachd ann an labhairt, mar as tric, theirte gum biodh an labhairt sin gun fhèin-mhothachadh, gum biodh i na gnàths no gum biodh i àbhaisteach dhan neach-labhairt. Tha am bun-bheachd, nàdarrachd ann an labhairt, dlùth cheangailte ri bun-bheachd eile, agus 's e sin, ùghdarrachd. 'S ann tric a chleachdar nàdarrachd ann an labhairt mar chomharradh gu bheil neach-labhairt no coimhearsnachd-labhairt ùghdarrail. (Faicibh Jolly 2000 airson cnuasachadh air a' cheangal eadar nàdarrachd, ùghdarrachd agus cion fèin-mhothachaidh anns an fharsaingeachd, agus faicibh Eckert 2003 a-mach air an aon cheangal anns an raon soiseochànanach.) Ann an co-theagsa Èireannach, 's e a' Ghaeltacht oifigeil a thèid a thuigsinn mar stòras a' chànain ùghdarrail bhed, mar as coitcheann. Mar eisimpleir, seo luaidh bho alt a nochd anns *The Irish Independent* o chionn ghoirid agus an t-ùghdar a-mach air an aithisg, *Staidéar Cuimsitheach Teangeolaíoch ar Úsáid na Gaeilge sa Ghaeltacht*, a chaidh an clò ann an 2007,

*[The government report] predicts that unless trends are reversed, Irish will cease to exist as the language of home and community in Gaeltacht regions. Should Irish die out in its heartland, its time is surely up, despite the valiant efforts of a passionate minority and a recent upsurge in interest among the youth.*¹

Leughar an t-iomsgaradh àbhaisteach an seo, gu bheil Gàidhlig dha rìribh beò mar chànain coimhearsnachd anns a' Ghaeltacht a-mhàin, agus gu bheil an cànan nas lugha na beò, mas fhìor, anns a' Ghalltacht, oir ge b' e dè a dhèante anns a' Ghalltacht mun chànain, nam faigheadh Gàidhlig bàs anns a' Ghaeltacht, bhiodh i ceart cho math ri marbh anns a h-uile ceàrnaidh eile. Tha iomradh air nàdarrachd ann an labhairt ri leughadh ann an conaltradh sgoileireil cho math ri conaltradh làitheil, agus mar rathad a-steach dhan chuspair, seo aon eisimpleir sgoileireil Èireannach bhon leabhar chonnsaiche aig Reg Hindley, *The death of the Irish language, A qualified obituary*. Seo mar a thuig Hindley gum biodh coimhearsnachd-chànain fallain,

[...] the maintenance of the language as the normal habitual medium of everyday life for all generations, transmitted from one generation to the next because that is the natural thing to do [...]

Hindley (1990: 130)

An seo, bha Hindley a' moladh cleachdadh-cànain anns na fìor-Ghaeltachtaí agus a' càineadh cleachdadh-cànain anns na breac-Ghaeltachtaí cho math ri Gàidhlig an ath-bheothachaidh anns an fharsaingeachd, "*school Irish*," mar a sgrìobh e. (Ibid.) Chithear gun do rinn Hindley an t-aon iomsgaradh a rinn McManus. Sgar Hindley na coimhearsnachdan Gàidhlig ann an Èirinn ann an dà leth: coimhearsnachdan beò, na fìor-Ghaeltachtaí, far a bheil Gàidhlig ga labhairt gu nàdarra, agus na coimhearsnachdan eile far a bheil Gàidhlig nas lugha na beò, na Breac-Ghaeltachtaí agus a' Ghalltacht. Cuideachd, air fianais nam faclan "*normal*" agus "*habitual*" an seo, tuigear gun robh Hindley a' dèanamh a' cheangail àbhaistich eadar cleachdadh-cànain nàdarra agus cleachdadh-cànain neo-fhèin-mhothachail.

¹ McManus, Darragh (17, An t-Iuchar, 2007) Local Uncle Toms Would Rejoice at the Tragic Death of Our Native Tongue. *The Irish Independent*, [faighte air loidhne, 17/3/08, www.independent.ie].

Mar a tha a' Ghaeltacht ga tuigsinn mar stòras na Gàidhlig ùghdarrail ann an Èirinn, bhite an dùil, ma dh'fhaoidte, gum biodh nàdarrachd ga cleachdadh ann an conaltradh coiteanta mun Ghàidhlig ann an Èirinn, agus gun dèante iomradh oirre ann an obair sgoileireil cuideachd le cuid, ach b' e annas a bh' ann gun do rinneadh iomradh air nàdarrachd gu tric anns na h-agallamhan a rinneadh le daoine a bha nan còmhnaidh ann an coimhearsnachdan Gàidhlig neo-thraidiseanta ann an Èirinn. Mar eisimpleir, anns an luaidh a leanas, leughar aithris a rinn agallaiche agus esan/ise a' dèanamh coimeas eadar a' choimhearsnachd aigesan/aicese agus a' Ghaeltacht thraidiseanta.

I know they have encroachment of English in the Gaeltacht, but with this community we're just surrounded by English, you know, you get a taxi - you speak English, you go down to the pub - you speak English, with your friends - most of them are English speaking, whereas there it's just so natural to just speak Irish all the time. You know it's like heaven to me, it really is.

Seo cuideigin a bhuannaich a' Ghàidhlig anns an dachaigh, ach anns a' bhaile mhòr, agus a bha a' fuireach ann an coimhearsnachd Ghàidhlig ùr aig àm an rannsachaidh. Mhìnich an t-agallaiche gu bheil cleachdadh na Gàidhlig anns a' Ghaeltacht nàdarra agus le sin, tuigear gum measadh e/i nach eil cleachdadh na Gàidhlig anns a' choimhearsnachd aigesan/aicese a cheart cho nàdarra ri sin. Leughar anns an luaidh seo gun do sheas a' Ghaeltacht mar shàr-eisimpleir dhan agallaiche no mar shlat-thomhais ris am measadh e/i a' choimhearsnachd aige/aice fhèin. Mholadh nàdarrachd na Gàidhlig anns a' Ghaeltacht le cuid, ach cuideachd, nuair a mholadh agallaichean na coimhearsnachdan aca fhèin, b' ann tric a chleachdadh iad nàdarrachd no cion fèin-mhothachaidh ann an labhairt mar chomharradh gun robh an cleachdadh-cànain aca ag obair mar bu chòir. Seo eisimpleir bho agallaiche a bha a' fuireach ann an coimhearsnachd Ghàidhlig ùr o chionn fhada,

[Irish] works so well that we just take it for granted. If you meet your next door neighbour, you know, we don't live in one another's pockets but we speak Irish to one another, that's it.

Tuigear gu bheil an ràdh seo na annas, oir cha b' e coimhearsnachd thraidiseanta a bha air a mìneachadh an seo idir, ach coimhearsnachd rùnaichte a bha air a cur air chois le iomairtichean-cànain a dh'aona ghnòthach agus mar innleachd gus Gàidhlig ath-leasachadh. Seo eisimpleir eile, agus an t-agallaiche a' moladh na nàdarrachd anns a' chleachdadh-chànain aige/aice fhèin, fhad 's a chuir e/i an cèill nach b' e iomairtiche-cànain a bh' ann/innte,

For me, Irish is a family language. I speak Irish at home when I speak it with my family and friends. [...] So I'm not very much an activist. I never think really about what's going to happen to Irish. [...] For me, I just live and I live and I speak Irish. So I never really concern myself with it.

Tha e inntinneach mar sin coimeas a dhèanamh eadar an ràdh seo agus ràdh eile leis an aon agallaiche agus esan/ise a' mìneachadh a' ghnàth-chànain phearsanta aige/aice,

I'm passionate about my Gaelic so I would speak it to everyone. I just speak it, when I'm on the bus I just speak to people all the time in Gaelic, you know when I'm getting off I say, "Go raibh maith agat," "Seo," you know just wee words and people know what you're saying because of what you're doing.

Bhite a' smaoinichadh gun robh an dà luaidh seo le dithis dhaoine eadar-dhealaichte ach cha robh. Ged a mhol an t-agallaiche seo an nàdarrachd anns a' chleachdadh-chànain aige/aice anns a' chiad luaidh, tha e/i an seo a' mìneachadh gnàth-cànain a tha reusanta spreigeach. Saoilibh, ciamar nach do thuig e/i an gnàth-cànain treun aige/aice mar "*activism*?"

Anns an dàrna leth dhen fhicheadamh linn, chaidh am bun-bheachd, ùghdarrachd, an amharas anns na saidheansan sòisealta (Handler 1986, Linnekin 1991), agus tha an deasbad gu sònraichte teth ann an raon a' chànachais an-dràsda leis mar a tha am bun-bheachd fighte gu domhainn ann an teòiridh an raoin (Bucholtz 2003, Coupland 2003, Eckert 2003, Eira agus Stebbins 2008, Myhill 2002, Shenk 2007: 213-214). Molar gu bheil am bun-bheachd nàdarrachd, mar a nochdas e ann an ideòlas-cànain an seo, trioblaideach cuideachd, agus gu h-àraidh nuair a thèid a chur an cèill le luchd-labhairt neo-thraidiseanta a tha an sàs ann an ath-leasachadh-cànain. Molar gu bheil nàdarrachd ann an ideòlas an ath-leasachaidh trioblaideach ann an, co-dhiù, dà dhòigh, agus chithear eisimpleir dhen chiad trioblaid anns an luaidh seo. Bha an t-agallaiche a' feuchainn ri rèite a dhèanamh eadar dà amas co-àicheil: nàdarrachd air an dàrna làimh agus brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig air an làimh eile. Tha linn na coimhearsnachd-cànain neo-fhèin-mhothachail seachad, ma bha a leithid a-riamh againn. Sheall Margaret Jolly mar a tha am beachd seo, gu bheil cultaran tùsanach ann an staid nàdarra neo-fhèin-mhothachail, dlùth ceangailte ri prògram na coloinealachd Roinn-Eòrpaich, agus mhol i nach rachadh sluagh sam bith a lorg, ann an linn sam bith, nach robh mothachail air iomadachd agus atharrachadh anns a' chultar aca fhèin, agus cuideachd, nach robh mothachail nach biodh anns a' chultar acasan ach aon chultar am measg mòran. (Jolly 2000) Anns an aona linn ar fhichead agus nuair a thig e gu mion-chànain ann an cunnart, cha mhair coimhearsnachd-chànain sam bith nach dèan oidhirp mhothachail gus an cànan-san a ghlèidheadh. Fiù 's anns na coimhearsnachdan traidiseanta, mar na fìor-Ghaeltachtaí, cha mhair cànan as aonais rùn agus oidhirp an t-sluaigh. Agus ann an coimhearsnachd chathaireil iar-nuadh, mar a' choimhearsnachd far an robh an t-agallaiche seo a' fuireach, bhiodh e co-àicheil agus gun èifeachd nam biodh nàdarrachd ann an labhairt ga moladh am measg dhaoine a bhiodh gu follaiseach ag iomairt gus cànan a stèidheachadh ann an raointean-cleachdaidh ùra.

Molar gu bheil nàdarrachd, mar bhun-bheachd, trioblaideach ann an dòigh eile cuideachd, dòigh a bhiodh na bu dhorra, agus 's e sin gu bheil nàdarrachd ga cleachdadh mar chomharradh air ùghdarrachd. Mar eisimpleir dhen trioblaid le ùghdarrachd, mhìnich aon agallaiche gun do mheal e/i turasan dhan Ghaeltacht far an tachradh an t-agallaiche ris "*the true speakers*," daoine a bhiodh a' labhairt na Gàidhlig beartaiche, cainnt a bhiodh fada na bu bheartaiche nan Ghàidhlig a labhairte anns a' choimhearsnachd aigesan/aicese, mas fhìor. Ach bha an t-agallaiche seo an sàs ann an stèidheachadh coimhearsnachd Ghàidhlig ùr agus bha clann dà-chànanaich gan togail anns a' choimhearsnachd aige/aice aig àm an rannsachaidh. Sgar an t-agallaiche cànan fìor beartach na Gaeltachta bho chànain bochd na coimhearsnachd aige/aice fhèin, agus tha e smaoinichail, dè tha na beachdan aige/aice ag ràdh mun luchd-labhairt òg ùr a bha a' fàs suas mun chuairt air an neach seo? Chan urrainnear an dàrna cuid a shònrachadh mar luchd-labhairt fìor, gun a' chuid

eile a shònrachadh mar luchd-labhairt nas lugha na fìor. Ma tha an dàrna cuid a' bruidhinn gu nàdarra, feumas gu bheil a' chuid eile a' bruidhinn gu mì-nàdarra. Ma tha an dàrna cuid de luchd-labhairt ùghdarrail, feumas gu bheil a' chuid eile neo-ùghdarrail, agus mar sin air adhart. (Shenk 2007: 197-198) Tha e na ghnàthas gun sgar cleasaichean sòisealta iad fhèin agus daoine eile a rèir fèin-aithne agus eadar buidhnean taobh-a-staigh agus taobh-a-muigh (faicibh lèirmheas ann an Howard 2000), gun sìmplich iad an saoghal sòisealta mun chuairt orra agus gun seòrsaich iad daoine ann an dà-sgaraidhean samhlauchail. Chuir Susan Gal agus Judith T. Irvine am briathar, dubhadh-às no *erasure*, air gnìomh an t-sìmpleachaidh seo, agus mhol iad gur e gnìomh ideòlais-chànain bunasach a th' ann. (Gal agus Irvine 1995: 974-975, faicibh cuideachd Eira agus Stebbins 2008: 20-21, Messing 2007: 562-563) Ann an co-theagsa ath-leasachadh na Gàidhlig ann an Alba, thaisbein Alasdair MacCaluim deagh eisimpleir dhen t-seòrsa thrioblaidean a bhiodh an lùib nan dà-sgaraidhean samhlauchail seo, agus mar a chuireadh ceistean mu dheidhinn ballrachd ann an saoghal na Gàidhlig agus ceistean mu dheidhinn fèin-aithne Gàidhlig èifeachd an ath-leasachaidh fo cheist. (MacCaluim 2007: 76-107, agus faicibh cuideachd na luaidhean a chaidh a thaisbeanadh: 213, 220-221.)

Tha ùghdarrachd agus nàdarachd trioblaideach an rèis ath-leasachaidh-chànain aig ìre èifeachd, ach cuideachd, a thaobh bheusan. Cò dhèanadh an oidhirp mhòr gus Gàidhlig a bhuannachadh mar inbheach agus am fios aca, aig deireadh an latha, gum b' e luchd-labhairt darna-chlas a bhiodh annta? (Faicibh cuideachd Cook 1999, Heinrich 2005, MacCaluim 2002, 2007) Cò chuireadh an cuid cloinne anns na gaelscoileanna, agus am fios aca, gum b' e luchd-labhairt darna-chlas a bhiodh anns a' chloinn sin gu sìorraidh bràth? Mas e an neach-labhairt fìor nàdarra ùghdarrail cuideigin a bhuannaich a' Ghàidhlig anns an dachaigh agus a tha a' fuireach ann an coimhearsnachd thraidiseanta Ghàidhlig, co mheud neach-labhairt a bhiodh air am fàgail a-mach mar sin? Agus gu dearbh, bhiodh luchd-labhairt gu leòr air am fàgail a-mach, agus chuireadh ùghdarrachd an amharas mar sin le cuid anns na h-agallamhan a rinneadh, mar an t-agallaiche a leanas,

In a gaelscoil, now, you have 400 in the one place that are from Dublin [...] you can't say that that's not its own dialect, and it might not have the same fluency as someone that was brought up with Irish, but, [...] whereas, a lot of people would sort of follow the Gaeltachtaí and try and speak like people in rural Ireland, I tend to think that it's more of an accent that they have, and that, you can't tell someone who's been speaking Irish since they were four that they're speaking it wrongly.

Seo cuideigin a bhuannaich a' Ghàidhlig anns na gaelscoileanna ann am Baile Átha Cliatha agus a bha a' fuireach ann an coimhearsnachd Ghàidhlig ùr aig àm an rannsachaidh. Chleachd an t-agallaiche mìneachadh sònraichte gus an deasbad a ghluasad air falbh bho cheist na h-ùghdarrachd. Mhìnich an t-agallaiche an diofar eadar a' Ghàidhlig aigesan/aicese agus Gàidhlig na Gaeltachta mar diofar eadar blasan seach diofar eadar cànan ùghdarrail agus cànan neo-ùghdarrail, no eadar labhairt cheart agus labhairt cheàrr. Dh'fhosgail e/i argamaid ointeòlach an seo: dè th' ann an Gàidhlig, cànan na Gaeltachta no cànan a' bhaile mhòir, cànan a bhuannaichear anns an dachaigh, no cànan a bhuannaichear anns an sgoil, cànan beò ann an coimhearsnachd thraidiseanta no cànan beò ann an àrdsgoil mar choimhearsnachd? Molar gu bheil na ceistean seo airidh air cnuasachadh mar phàirt dhen t-soilleireachadh ideòlach a bhiodh na bhuannachd

ann an ruith iomairt ath-leasachaidh-chànain. (Faicibh Dauenhauer agus Dauenhauer 1998: 62-3, Fishman 2001: 451-460)

Thathar a' tuigsinn a-nis gu bheil ath-leasachadh-cànain aig a' mhion-ìre fada nas cudromaich na bhathar an dùil. (Baldauf 1994, 2006) Chuireadh cuid an cèill nach eil mòran èifeachd idir ann am poileasaidh-cànain aig a' mhòr-ìre, aig ìre na stàite no aig an ìre eadar-nàiseanta (Spolsky 2004: 222-223), agus gur gann gu bheil ath-leasachadh-cànain soirbheachail air iomain bhon mhion-ìre uile gu lèir. Mar eisimpleir, chan eil amharas ann gun robh ath-bheothachadh na h-Eabhra ann an Iosrael/Paileastain na shoirbheas glan, ach mhol Moshe Nahir, nuair a bheirear sùil mhionaideach air eachdraidh an ath-bheothachaidh, gum faicear gum b' e gnìomh bonn-a-nìos a bh' ann, gu bunaiteach agus aig an toiseach gu sònraichte, agus nach do ghabh poileasaidh aig ìre na stàite pàirt mòr anns a' ghnothach idir. (Nahir 1998, agus faicibh cuideachd Glinert 1991) A thaobh ath-bheothachadh na Gàidhlig ann an Èirinn, mhol Muiris Ó Laoire gum foillsich eachdraidh na h-Èireann anns an fhicheadamh linn mì-èifeachd poileasaidh-chànain aig ìre na stàite gu soilleir agus sgrìobh e, "*The story of language in Ireland is a story about what the masses do (classpower) rather than what is planned for the masses to do.*" (2005: 308, faicibh cuideachd Ó Croidheáin 2006: 267-274) Ann an seagh, thathar a' moladh gu bheil ath-leasachadh-cànain soirbheachail nas coltaiche ri gluasad sòisealta bho bhonn a-nìos na manaidsachd shòisealta bho bhàrr a-nuas. Ged a tha gluasadan sòisealta doilleir dha na saidheansan sòisealta agus chan eil deagh thuigse againn fhathast, carson a tha an darna cuid nas soirbheachail na a' chuid eile (faicibh lèirmheas ann an Edelman 2001), bhiodh e reusanta smaoinichadh nach biodh e na bhuannachd nam biodh cus sgaraidhean sòisealta ann eadar na diofar dhaoine an sàs ann an gluasad, gun cuireadh sgaraidhean sòisealta *solidarité* a' ghluasaid ann an cunnart. Nan adhbharaicheadh beachdan mu ùghdarrachd no mu nàdarrachd sgaraidhean eadar luchd-labhairt na Gàidhlig, bhite an dùil gun toireadh na sgaraidhean sin droch bhuaidh air èifeachd agus air soirbheas an ath-bheothachaidh mar ghluasad sòisealta.

Shealladh an seo gu bheil nàdarrachd ann an labhairt molta mar phàirt de dh'ideòlas ath-leasachadh na Gàidhlig le cuid ann an Èirinn, agus còmhla ri sin, gu bheil ceist na h-ùghdarrachd ga deasbad am measg luchd-labhairt na Gàidhlig neo-thraidiseanta ann an Èirinn. Cuideachd, thugadh aire dha na bun-bheachdan, nàdarrachd agus ùghdarrachd, a chionn 's gum biodh iad trioblaideach, an dà chuid, a thaobh èifeachd nuair a thig e gu ath-leasachadh mhion-chànain, agus a thaobh bheusan ma nithear iomsgaradh eadar luchd-labhairt fìor agus luchd-labhairt eile.

Baldauf, Richard B. Jr. (1994) "'Unplanned' Language Policy and Planning." *Annual Review of Applied Linguistics* 14, 82-89.

Baldauf, Richard B. Jr. (2006) "Rearticulating the Case for Micro Language Planning in a Language Ecology Context." *Current Issues in Language Planning* 7(2&3) 147-170.

Bucholtz, Mary (2003) "Sociolinguistic nostalgia and the authentication of identity." *Journal of Sociolinguistics* 7(3) 398-416.

Cook, Vivian (1999) "Going Beyond the Native Speaker in Language Teaching." *TESOL Quarterly* 33(2) 185-209.

Coupland, Nikolas (2003) "Sociolinguistic authenticities." *Journal of Sociolinguistics* 7(3) 417-431.

Dauenhauer, Nora Marks agus Dauenhauer, Richard (1998) "Technical, emotional, and ideological issues in reversing language shift: examples from Southeast Alaska."

Ann an: Moray Watson agus Lindsay Milligan, (Deas.), *From Vestiges to the Very Day: New Voices in Celtic Studies*. Aberdeen: AHRC Centre for Irish and Scottish Studies, (2010), tdd. 91-98.

Ann an: Lenore A. Grenoble agus Lindsay J. Whaley (deas.), *Endangered Languages, Current issues and future prospects*. Cambridge: Cambridge University Press, 57-98.

Dorian, Nancy C. (1998) "Western language ideologies and small-language prospects." Ann an: Lenore A. Grenoble agus Lindsay J. Whaley (deas.), *Endangered Languages, Current issues and future prospects*. Cambridge: Cambridge University Press, 57-98.

Eckert, Penelope (2003) "Elephants in the room." *Journal of Sociolinguistics* 7(3) 392-397.
Edelman, Marc (2001) "Social Movements: Changing Paradigms and Forms of Politics." *Annual Review of Anthropology* 30, 285-317.

Eira, Christina agus Stebbins, Tonya N. (2008) "Authenticities and lineages: revisiting concepts of continuity and change in language." *The International Journal of the Sociology of Language* 189, 1-30.

Fishman, Joshua A. (2001) "From Theory to Practice (and Vice Versa): Review, Reconsideration and Reiteration." Ann an: Joshua A. Fishman (deas.), *Can Threatened Languages Be Saved?* Clevedon: Multilingual Matters Ltd., 451-483.

Gal, Susan. (1998) "Multiplicity and Contention among Language Ideologies." Ann an: Bambi B. Schieffelin, Kathryn A. Woolard agus Paul V. Kroskrity (deas.), *Language Ideologies, Practice and Theory*, Oxford: Oxford University Press, 317-313.

Gal, Susan agus Irvine, Judith T. (1995) "The Boundaries of Languages and Disciplines: How Ideologies Construct Difference." *Social Research* 62(4) 967-1001.

Glinert, Lewis (1991) "The 'Back to the Future' Syndrome in Language Planning: The Case of Modern Hebrew." Ann an David F. Marshall (deas.), *Language Planning; Focusschrift in Honor of Joshua A. Fishman on the Occasion of his 65th Birthday*, Amsterdam: John Benjamins, 215-243.

Handler, Richard (1986) "Authenticity." *Anthropology Today* 2(1) 2-4.

Heinrich, Patrick (2005) "Language ideology in JLF textbooks." *International Journal of the Sociology of Language* 175/176, 213-232.

Hindley, Reg (1990) *The death of the Irish language, A qualified obituary*. London: Routledge.

Howard, Judith A. (2000) "Social Psychology of Identities." *Annual Review of Sociology* 26, 367-393.

Jolly, Margaret (2000) "Spectres of Inauthenticity" Ann an: David Hanlon agus Geoffrey M. White (deas.), *Voyaging Through the Contemporary Pacific*, Lanham: Rowman & Littlefield, 274-297.

King, Kendall A. (2000) "Language Ideologies and Heritage Language Education." *International Journal of Bilingual Education and Bilingualism* 3(3) 167-184.

Kroskrity, Paul V. (2004) "Language Ideologies." Ann an: Alessandro Duranti (deas.), *A Companion to Linguistic Anthropology*, Oxford: Oxford University Press, 496-517.

Linnekin, Jocelyn (1991) "Cultural Invention and the Dilemma of Authenticity." *American Anthropologist* 93, 446-449.

MacCaluim, Alasdair (2002) *Periphery of the periphery? Adult Learners of Scottish Gaelic and Reversal of Language Shift*. Tràchdas PhD. Dùn Èideann: Oilthigh Dhùn Èideann.

MacCaluim, Alasdair (2007) *Reversing Language Shift: The Social Identity and Role of Adult Learners of Scottish Gaelic*. Cló Ollscoil na Banríona: Béal Feirste.

Ann an: Moray Watson agus Lindsay Milligan, (Deas.), *From Vestiges to the Very Day: New Voices in Celtic Studies*. Aberdeen: AHRC Centre for Irish and Scottish Studies, (2010), tdd. 91-98.

- Messing, Jacqueline (2007) "Multiple ideologies and competing discourses: Language shift in Tlaxcala, Mexico." *Language in Society* 36, 555-577.
- Myhill, John (2002) "The native speaker, identity, and the authenticity hierarchy." *Language Sciences* 25, 77-98.
- Nahir, Moshe (1998) "Micro language planning and the revival of Hebrew, A schematic framework." *Language in Society* 27, 335-357.
- Ó Croidheáin, Caoimhghin (2006) *Language from Below, The Irish Language Ideology and Power in 20th Century Ireland*. Oxford: Peter Lang.
- Ó Laoire, Muiris (2005) "The Language Planning Situation in Ireland." *Current Issues in Language Planning* 6(3) 251-314.
- Shenk, Petra Scott (2007) "'I'm Mexican, remember?' Constructing ethnic identities via authentication discourse." *The Journal of Sociolinguistics* 11(2), 194-220.
- Spolsky, Bernard (2004) *Language Policy*. Cambridge: Cambridge University Press.
- Woolard, Kathryn A. agus Schieffelin, Bambi B. (1994) "Language Ideology" *Annual Review of Anthropology* 23 55-82.